

CÒMHRADH 07: Podcast

Podcast

Presenters: Gilleasbuig MacFhearghais (Gilleasbuig Ferguson)
Eilidh NicFhraing (Eilidh Rankin)



ÌRE: **Bunaiteach-Meadhanach**

CUSPAIR: **Podcast**

CALUM:

Seadh a-nis. Ciamar a tha thu an-diugh, Donna? Eh?

DONNA:

Dìreach mar a bha an-dè, agus a bhitheas a-màireach, tha mi cinnteach.

CALUM:

Glè mhath! 'S math sin! Nise, dè th' againn ri dhèanamh an-diugh?

DONNA:

An cuala tu podcast riamh?

CALUM:

Chuala, chuala. Dè ma dheidhinn?

DONNA:

Tha againn ri fear a dhèanamh. An urrainn dhut a chreidsinn?

CALUM:

'S urrainn, gu dearbh fhèin! Deagh bheachd a tha sin! An uair sin, thèid aig duine sam bith air còmhraidh Gàidhlig a chluinntinn air coimpiutair, no fòn-làimhe, no inneal sam bith mar sin! Dè tha ceàrr ort? Nach do rinn thu podcast riamh roimhe?

DONNA:

Cha do rinn, agus chan eil mi idir cinnteach gu bheil mi airson fheuchainn.

LEVEL: **Beginner-Intermediate**

TOPIC: **Podcast**

CALUM:

Right, then. How are you today, Donna? Eh?

DONNA:

Just the same as I was yesterday and will be tomorrow, I'm sure.

CALUM:

Fantastic! That's great! Now, what do we have to do today?

DONNA:

Have you ever heard a podcast?

CALUM:

Yes, yes. What about it?

DONNA:

We have to do one. Can you believe it?

CALUM:

Yes, I can indeed! That's a great idea! And then, anyone will be able to listen to our Gaelic conversation on a computer, mobile phone or any similar device! What's wrong with you? Haven't you done a podcast before?

DONNA:

No, I haven't and I'm not sure I want to try it.

CÒMHRADH 07: Podcast

Podcast

Presenters: Gilleasbuig MacFhearghais (Gilleasbuig Ferguson)
Eilidh NicFhraing (Eilidh Rankin)



CALUM:

Ach tha e cho furasta a dhèanamh, ged-tà! Seallaidh mi dhut. Cuiridh mi fòn dhan àireamh seo agus fàgaidh sinn brath sin e! Duilleag air an eadar-lìon le faidhle-fuaim còmhla rithe. Cho sìmplidh ri sin. A bheil thu deiseil?

DONNA:

Chan eil.

CALUM:

Och, tha! 'S cinnteach gu bheil. Siuthad! Fhuair mi troimhe. Hello! Seo Calum Dòmhnallach, agus còmhla rium san oifis tha Donna Chaimbeul. An can thu hello, Donna?

DONNA:

Cha chan.

CALUM:

Uill, a chàirdean, tha mi fhìn agus Donna a' dol a bhruidhinn ann an Gàidhlig mu na tha sinn a' faicinn tron uinneig againn. 'S e sealladh eireachdail a th' ann, nach e, Donna?

DONNA:

An e?

CALUM:

'S e! 'S e! Tha na beanntan cho faisg oirnn. Fuirich ort ... Dè tha sin? An e fiadh a th' ann? Tha mi a' creidsinn gur e. Am faca tusa e, Donna?

DONNA:

Chan fhaca.

CALUM:

But it's so easy to do! I'll show you. I'll phone this number and we'll leave a message - that's it! A page on the internet with an accompanying sound file. It's as easy as that. Are you ready?

DONNA:

No, I'm not.

CALUM:

Yes, you are! You must be. Go on! I got through. Hello! This is Calum MacDonald, and with me in the office is Donna Campbell. Will you say hello, Donna?

DONNA:

No, I won't.

CALUM:

Well, friends, Donna and I are going to talk - in Gaelic - about what we can see through our window. It's a beautiful view, isn't it, Donna?

DONNA:

Is it?

CALUM:

It is! It is! The mountains are so close to us. Hang on ... What's that? Is it a deer? I believe it is. Did you see it, Donna?

DONNA:

No, I didn't.

CÒMHRADH 07: Podcast

Podcast

Presenters: Gilleasbuig MacFhearghais (Gilleasbuig Ferguson)
Eilidh NicFhraing (Eilidh Rankin)



CALUM:

O ... Dh'fhalbh e air ais dhan choille. Ach bha siud inntinneach, nach robh, a chàirdean? Podcast beò, le fiadh beò a' nochdadh ann! Agus abair gun robh deagh chòmhradh eadar mi fhìn agus Donna chòir! Tha sinn an dòchas gun do chòrd e ribh, agus bidh sinn air ais ann an ùine nach bi fada. Mar sin leibh an-dràsta! Uill, bha sin math, nach robh? Cho furasta, cho inntinneach! 'S tu a bha èibhinn, Donna! An do chòrd am podcast riut fhèin? 'S cinnteach gun do chòrd! Eh?

DONNA:

Cha do chòrd! Cha do chòrd idir! Agus mus fhaighnich thu, cha dèan mi a-rithist e!

CALUM:

Och, nì! Nì! Tha mi cinnteach gun dèan! Tha na h-uimhir agad ri ràdh, nach eil?

DONNA:

O, tha, tha, tha!

CALUM:

Oh ... It went back into the woods. But that was interesting, wasn't it, friends? A live podcast with a live deer appearing in it! And what a great conversation I had with dear Donna! We hope you enjoyed it, and we'll be back soon. Goodbye for now. Well, that was great, wasn't it? So easy, so interesting! You were so funny, Donna. Did you enjoy the podcast? You must have enjoyed it! Eh?

DONNA:

I didn't enjoy it! I didn't enjoy it at all! And before you ask, I won't do it again!

CALUM:

Och, you will! You will! I'm sure you will! You have so much to say, don't you?

DONNA:

Oh, yes, yes, yes!